

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# ÒRAID AN T-SABHAIL RI TOIRT SEACHAD LE ÀRD-OIFIGEAR ALBA CHRUTHACHAIL

16 An t-Samhain 2010

Thèid feartan cruthachail na h-Alba agus an t-àite a th' aig luchd-ealain ann an cultar na dùthcha a dheasbad aig Òraid an t-Sabhal Mhòir aig deireadh a' mhìos.

Bidh Anndra Dixon, Àrd-Oifigear Alba Chruthachail, aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach air Latha Naoimh Anndra airson òraid na bliadhna sa a thoirt seachad do dh'oileanaich, luchd-obrach is aoighean na Colaiste

Tha Mgr Dixon a' leantainn iomadh neach cliuiteach eile san t-sreath de dh'òraidichean, Máire Mhíc Róibín, Ceann-suidhe na h-Èireann, Dòmhnull Mac an Deòir BPA nach maireann, Prìomh Mhinstear na h-Alba, an sgirobbhadair is eòlaiche eachdraidh, an Dr Seumas Mac an t-Sealgair, agus an neach-ciùil is sgirobbhaiche-ciùil ainmeil, an t-Àrd Ollamh Mícheál Ó Súilleabháin nam measg.

Thuirt an Dr Donaidh Rothach, Stiùiriche Leasachaiddh is nan Ealain aig Sabhal Mòr Ostaig: "Tha sinn air leth toilichte gum bi Anndra Dixon còmhla rinn airson Òraid an t-Sabhal a thoirt seachad is e a' toirt cothrom dhuinn ar cuid taic a fhuair sinn bho Alba Chruthachail thar nam bliadhnaichean aithneachadh.

"On a thòisich Òraid an t-Sabhal ann an 1990, tha an sreath ionmholta seo air leigeil don Cholaiste an fheallsanachd aig cuid dhe na h-eòlaichean as sgileile a th' againn ann am poileataics, foghlam, an eaonomaidh is na h-ealain a chur fa chomhair an t-sluaigh airson deasbaid.

"Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ris an òraid aig Mgr Dixon agus ri bhith ag obair còmhla ri Alba Chruthachail fon stiùir aige." Mar phàirt den turas aige don t-Sabhal, bidh Mgr Dixon cuideachd a' fosgladh taisbeanadh ealain le Chris Drury, 'Land, Water and Language', a th' air a chur air bhonn cuide ri Taigh Chearsabhagh ann an Uibhist a Tuath.

Tha Clò Mòr Innse Gall a' toirt taic don òraid am-bliadhna agus bidh i ri faicinn air loidhne aig [www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

CriochGheibhear tuilleadh fiosrachadh bho Angela Nicllebhràighe air 01471 888 215 no tro phost-d [sm00ani@uhi.ac.uk](mailto:sm00ani@uhi.ac.uk)

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Fiosrachadh do luchd-deasachaidh:1. Chaidh Sabhal Mòr Ostaig a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghal mar Ionad Nàiseanta airson cànan agus cultar na Gàidhlig. Tha a' Cholaiste na com- pàirtiche ann an OGE, Oilthigh na Gaidhealtachd is nan Eilean a tha ga chruthachadh an-dràsta, is i a' tairgsinn fior chothroman foghlam is rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig.

2. Tha na h-ealain is cultar Gàidhlig fior chudromach do Shabhal Mòr Ostaig agus tha a' Cholaiste a' ruith prògram còmhnaidh ann an ceòl, litreachas agus na h-ealain lèirsinneachd le taic bho Alba Chruthachail agus an RSA ann an Dùn Èideann. An-dràsta, 's e Rody Gorman a tha na Sgriobhaiche, Ailean MacEanraig a tha na Cheòladair, agus is iad Dr Gill Russell agus an Dr Tormod Seathach a tha nan Luchd-ealain .

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



### CHIEF EXECUTIVE OF CREATIVE SCOTLAND TO DELIVER ANNUAL SABHAL MÒR OSTAIG LECTURE

**16 November 2010**

The creative strengths of Scotland and the contribution of artists to the nation's cultural profile will be the focal point of discussion at the annual Sabhal Mòr Ostaig lecture later this month.

Andrew Dixon, the Chief Executive of Creative Scotland, will visit the National Centre for Gaelic Language and Culture on the Isle of Skye on St Andrews Day, 30th November, to deliver the lecture to staff, students and invited guests of the College.

Mr Dixon follows an impressive list of previous contributors to the Sabhal Mòr Lecture Series which includes the former Irish President, Mary Robinson, the late Donald Dewar MSP, First Minister for Scotland, author and historian, Dr James Hunter and eminent musician and composer, Professor Mícheál Ó Súilleabháin.

Dr Donnie Munro, Director of Development and Arts at Sabhal Mòr Ostaig said: "We are delighted and honoured to welcome Andrew Dixon to deliver this year's Sabhal Mòr Lecture, and in doing so we recognise the great support we have had from Creative Scotland.

"Since the inaugural lecture in 1990, the series has enabled the College to bring forward, for public debate, the thoughts and ideas of some of our most gifted thinkers from the world of politics, education, economics and the arts.

"We very much look forward to Mr Dixon's address and to strengthening our relationship with Creative Scotland under his leadership."

As part of his visit to Sabhal Mòr Ostaig, Mr Dixon will also open an exhibition by artist Chris Drury, entitled 'Land, Water and Language', which has been developed in association with Taigh Chearsabhagh in North Uist.

This year's lecture is being sponsored by Harris Tweed Hebrides and will be available to view online at [www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk). For further information contact Angela MacGillivray on 01471 888 215 or email [sm00ani@uhi.ac.uk](mailto:sm00ani@uhi.ac.uk). Notes for Editors:  
Founded in 1973, Sabhal Mòr Ostaig has become internationally recognised as a national centre for the Gaelic language and culture. The College is an academic partner within UHI, the prospective university of the Highlands and Islands, and provides high quality education and research

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



opportunities through the medium of Scottish Gaelic. 2. The College plays a leading role in the promotion of the Gaelic arts and culture and hosts a programme of residencies for artists in music, literature and the visual arts supported by Creative Scotland and the Royal Scottish Academy of Art (RSA) in Edinburgh. The current posts are held by Rody Gorman, Writer in Residence, Allan Henderson, Musician in Residence, and Visual Artists in Residence, Dr Gill Russell and Dr Norman Shaw.